

Deuchainn

Chunntas-sluaigh 2006

Alba san Àireamh

23 Giblean 2006

Bileag Fiosrachaidh - Leughaidh seo mus lìon sibh am foirm

Tha Deuchainn Chunntas-sluaigh 2006 cudromach airson a bhith a' dealbhachadh an ath Chunntas-sluaigh ann an 2011. Gabhaibh pàirt san Deuchainn Chunntas-sluaigh agus cuidich sinn a' sgrùdadh nan ceistean agus nan dòighean sa bheilear a' lìbhrigeadh agus a' cruinneachadh nam foirmichean.

Carson a tha Cunntas-sluaigh ann?

Is e an Cunntas-sluaigh am prìomh fhiosrachadh àireamhachd air an t-sluagh agus taigheadas anns an dùthaich seo. Bidh an t-àrd riaghaltas ga chleachdadh, cho math ri comhairlean ionadail, ùghdarrasan slàinte, gnothachasan agus iomadh buidheann eile. Bidh e na chuideachadh dhaibh ann a bhith a' co-dhùnadh air poileasaidh, a' roinneadh stòrasan agus a' dealbhadh sheirbheisean.

Foirm Deuchainn a' Chunntas-sluaigh

Bidh am foirm a' foighneachd dhuibh mu dheidhinn bhur dachaigh agus na daoine as àbhaist fuireach ann. Bidh e a' mìneachadh cò a bu chòir dhuibh cùntadh. Lìonaibh e agus cuiribh air ais thugainn e.

Dìomhaireachd

Cumaidh sinne am fiosrachadh agaibh sàbhailte. Tha fiosrachadh a chomharraicheas teaghlaidhean agus daoine fa leth dìomhair, agus tha a h-uile duine a tha ag obair air an Deuchainn Chunntas-sluaigh a' cur an ainm ri bòid laghail nach innis iad am fiosrachadh do dhuine.

Mar a thèid Toradh Deuchainn a' Chunntas-sluaigh a chleachdadh

Chaidh mòran de na ceistean fhoighneachd anns na Cunntasan-sluaigh a chaidh seachad ach tha sinn a' cur iomadh ceist ùr fo dheuchainn gus prìomhachasan ùra a riochdachadh ann an Alba. Feumaidh sinn ceistean ùra, agus atharrachadh air ceistean bho 2001, a chur fo dheuchainn a dhèanamh cinnteach gun riochdaich iad gu pongail feuman na h-uile air seirbheisean agus airson planadh airson an ama ri teachd. Chithear tuilleadh fiosrachaidh gu h-ìosal mu na dòighean san tèid dàta a' Chunntas-sluaigh a chleachdadh.

1. Daoine

Tha àireamh agus aois an t-sluaigh a' toirt buaidh air an uiread airgid a bheir an riaghaltas don chomhairle ionadail agus don ùghdarras slàinte agaibh. Thèid am fiosrachadh cuideachd a chleachdadh airson sgoiltean agus seirbheisean seann daoine a dhealbhadh. Tha sinn a' dèanamh deuchainn air ceist ùr a dh' fhoighnicheas do bhoireannaich co mhèud leanabh dhan tug iad breith. Tha seo cudromach airson atharrachaidhean ann an sluagh na h-Alba a thuigsinn.

2. Taigheadas

Cuidichidh ceistean mu dheidhinn na dachaigh agaibh comhairlean, comainn thaigheadais agus eile gus feuman taigheadais a mheasadh agus gus na sgìrean a bu chòir prìomhachas fhaighinn ann an obair leasachaidh aithneachadh.

3. Teachd-a-Steach

Tha ceist ùr air teachd-a-steach teaghlaich air cuid de fhoirmichean airson stòrasan a chuimseachadh gus dèiligeadh ri bochdainn. Ionnan ri dàta Cunntas-sluaigh eile, cha tèid fiosrachadh air teachd-a-steach thaighean fa leth innse do bhuidheann sam bith eile.

4. Fèin-aithne Nàiseantachd, Cinneadh, Creideamh agus Lethbhreith

Bidh ceist air fèin-aithne nàiseantachd a' leigeil leibh innse dè an nàisean dham buin sibh m.e. Alba, Breatainn no eile. Bidh a' cheist air a' chinneadh dham buin sibh a' cuideachadh ann a bhith a' lorg ana-chothrom cinnidh agus ann a bhith a' dèiligeadh ris. Tha an dà cheist air creideamh ann air an aon seòrsa adhbhair. Tha sinn a' dèanamh deuchainn air ceist mu lethbhreith a ghabhas a-steach iomadh seòrsa lethbhreith a tha cumanta.

5. Slàinte agus Cùram

Nuair a gheibhear dealbh air slàinte dhaoine tha e nas fhasa na seirbheisean ceart a dhealbh airson na sgìre agaibh. Bidh sinn a' foighneachd mu shlàinte airson beachd fhaighinn mu fheuman san àm ri teachd air dotairean teaghlaich agus seirbheisean slàinte eile sa choimhearsnachd agaibh.

6. Còmhdhail

Bidh fiosrachadh air ciamar a bhios sibh a' siubhal don obair a' cuideachadh an riaghaltais agus eile gus beachd fhaighinn air pàtran an còmhdhail san àm ri teachd airson còmhdhail phoblach a leasachadh agus dùmhlachd charbadan fhuasgladh. Cuidichidh e cuideachadh a thaobh cosnaidhean a chuimseachadh air an fheadhainn a tha gun obair.

7. Cànan

Tha sinn air a' cheist air Gàidhlig a leudachadh gus foighneachd mu Bheurla, Albais, Puindsiàbaidh agus mion chànanan eile agus Cànan Sanais Breatannach cho math ri Gàidhlig.

8. Ceistean Eile

Choisinn an dà cheist air gabhail bidhe còmhla agus faireachdainn sàbhailte a-muigh san sgìre agaibh farpais ann an sgoiltean Holyrood agus Acadamaidh Shawlands ann an Glaschu air dealbhadh ceist Chunntas-sluaigh. Tha ceist ùr ann mu intrigeadh Chroitean is Ghàrraidhean. Tha ceistean ùra air dàrna taighean cudromach do thurasachd ann an Alba agus do dhaoine a bhios a' siubhal a dh'fhuireach ann am bailtean-mòra air falbh bhon teaghlach aca tron t-seachdain nuair a tha iad ag obair.